

# **ATH-BHREITHNEACHADH AIR RO-INNLEACHD THACHARTASAN NÀISEANTA: CO-CHOMHAIRLE**

March 2023

**ATH-BHREITHNEACHADH AIR RO-INNLEACHD THACHARTASAN  
NÀISEANTA: CO-CHOMHAIRLE**

## Clàr-innse

1.	RO-RÀDH AGUS CÙL-FHIOSRACHADH .....	3
1.1	Adhbhar na suirbhidh .....	3
1.2	Cò bhuaithe a tha sinn airson cluinntinn.....	3
2.	A' LEASACHADH ÀRD-MHIANN CO-ROINNTE .....	4
2.1	Mìneachadh air tachartas.....	4
2.2	Adhbhar na ro-innleachd.....	4
3.	A' LÌBHRIGEADH ÀRD-MHIANN CO-ROINNTE .....	6
4.	TACHARTASAN A' LÌBHRIGEADH EÒLAS SÀR-MHATH .....	6
4.1	Tarraing luchd-amais .....	7
4.2	Com-pàirteachadh coimhearsnachd .....	8
4.3	Iomadachd .....	8
5.	Cleachdadh as Fheàrr, Ùr-ghnàthachadh agus Leasachadh Leantainneach .....	9
5.1	Obair Chothromach agus leasachadh sgioba-obrach .....	10
5.1.1	Cleachdaidhean Obrach Chothromaich.....	10
5.1.2	Planadh sgioba-obrach agus leasachadh sgilean .....	11
5.2	Seasmhachd Àrainneachdail.....	12
5.3	Seasmhachd ionmhasail .....	13
5.4	Tomhas .....	13
6.	Cur air Adhart agus Pròifil .....	14
6.1	Brannd Alba .....	14
6.2	Sanasachd tro thachartasan .....	14
6.3	Tachartasan ana-mhòra.....	15
7.	COM-PÀIRTEACHAS AGUS CO-OBRACHADH.....	16
7.1	Teicneòlas agus Bun-structar.....	17
7.2	Eòlas ùghdarras ionadail .....	17
7.3	Co-thaobhadh poileasaidh .....	18
8.	Co-ionannachdan.....	19
8.1	Eadar-ghearradh .....	19
8.2	Aois .....	19
8.3	Coimhearsnachdan Cinnidh/loma-chultarach .....	19
8.4	Ciorram .....	20
8.5	Taobhadh feise .....	20

8.6	Neo-ionannachdan sòisio-eaconamach .....	20
8.7	Coimhearsnachd Eileanach .....	21
8.8	Cur ri MEASIDHEAN buaidh.....	21
9.	PÀIPEAR-TAICE A: CO-THEAGSA CAOCHLAIDEACH .....	22
9.1	Tachartasan a' tilleadh .....	22
9.2	Gluasad gu Net Zero .....	22
9.3	Com-pàirteachadh eadar-nàiseanta.....	23
9.4	Taic do Shlàinte Inntinn is Sunnd.....	23
9.5	Farpais eadar-nàiseanta .....	23
10.	PÀIPEAR-TAICE B GEÀRR-CHUNNTAS CHEISTEAN .....	24

## 1. RO-RÀDH AGUS CÙL-FHIOSRACHADH

### 1.1 Adhbhar na suirbhidh

Tha ro-innleachd thachartasan nàiseanta na h-Alba, *Scotland the Perfect Stage (2014 – 2025)* ga ath-bhreithneachadh agus ga ùrachadh. Leudaichidh seo an teirm aige gu deireadh 2035. Tha roinn thachartasan na h-Alba, Riaghaltas na h-Alba agus VisitScotland ag obair còmhla ri aonaidhean ciùird agus ùghdarrasan ionadail gus seo a dhèanamh.

Chaidh [Scotland the Perfect Stage](#) fhoillseachadh an toiseach ann an 2008 mar fhreagairt do chomas fàs-mhor na h-Alba a bhith air thùs san t-saoghal ann an gnìomhachas nan tachartasan. Chaidh ath-bhreithneachadh agus ùrachadh mu dheireadh ann gus an ùine 2015 – 2025 a chòmhdach. Is e an lèirsinn a th' aige gum bi cliù na h-Alba mar àite foirfe airson thachartasan ga aithneachadh aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha e airson stòras na h-Alba a chleachdadh agus a leasachadh gus portfòilio de thachartasan a libhrigeadh a bheir eòlasan fìor-bheatha do luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail na h-Alba a bhios air thùs san t-saoghal.

Ged a chunnaic Alba iomadh soirbheachadh fon ro-innleachd làithreach, o chionn ghoirid tha roinn nan tachartasan air fulang ùine bhuaireasach nas miosa na chunnacas a-riamh roimhe. Dh'fhaodadh iomadh dùbhlán is cothrom èirigh à seo don roinn ann an Alba, mar a tha ga mhineachadh ann am [Pàipear-taice A](#). Air an adhbhar sin, tha Riaghaltas na h-Alba [air taic a ghealltainn do dh'ath-bhreithneachadh](#) agus ùrachadh eile air Scotland the Perfect Stage.

Tha còmhraidhean san Dùbhlachd 2022 le riochdairean bhon ghnìomhachas, aonaidhean ciùird, ùghdarrasan ionadail agus bhon roinn phoblach air fiosrachadh a thoirt don sgrùdadh seo. Bheachdaich na còmhraidhean sin air cuspairean gnìomhachais agus eaconamaidh, Obair Chothromach agus luchd-obrach sgìleil, seasmhachd àrainneachdail, agus sunnd. Thathas a' toirt iomradh orra san sgrùdadh seo mar “Bhuidhnean Cuspaireil.”

Tha an t-suirbhidh seo a' toirt cothrom do gach neach aig a bheil àite ann an sàr ghnìomhachas thachartasan na h-Alba cumadh a thoirt air ro-innleachd ùraichte na roinne. Bheir e timcheall air 30-40 mionaid ga chrìochnachadh.

### 1.2 Cò bhuaithe a tha sinn airson cluinntinn

Tha an t-suirbhidh seo ag amas air:

- Daoine a bhios a' frithealadh thachartasan ann an Alba no a tha airson am frithealadh, agus buidhnean a bhios gan riochdachadh
- Daoine a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan far a bheil tachartasan gan cumail, agus buidhnean a bhios gan riochdachadh
- Buidhnean agus daoine ag obair ann an agus còmhla ri gnìomhachas thachartasan na h-Alba, thar nan roinnean poblach, prìobhaideach agus an treas roinn

Chuireamaid fàilte cuideachd air beachdan dhaoine agus bhuidhnean bho thaobh a-muigh na h-Alba, gus cluinntinn mu na dh'fhiosraich iad de thachartasan Albannach agus a bhith ag obair le roinn thachartasan na h-Alba. Bu mhath leinn cuideachd cluinntinn mu dhòighean-obrach a bhios na roinnean prìobhaideach, poblach agus an treas roinn a' cleachdadh a thaobh thachartasan ann an dùthchannan eile.

Tha sinn a' sireadh beachdan air:

- Àrd-miann agus prìomhachasan thachartasan agus na roinn thachartasan ann an Alba
- Ruigsinneachd air tachartasan
- Cò ris a tha e coltach a bhith ag obair ann an tachartasan
- Mar as urrainn do thachartasan ann an Alba cumail orra a' co-obrachadh agus ag ùr-ghnàthachadh
- Mar as urrainn do thachartasan a bhith a' cur air adhart bailtean-mòra, roinnean agus Alba air fad gu h-eadar-nàiseanta

## **2. A' LEASACHADH ÀRD-MHIANN CO-ROINTE**

### **2.1 Mìneachadh air tachartas**

Airson na ro-innleachd thachartasan nàiseanta, tha tachartasan a' ciallachadh thachartasan poblach agus fèisean poblach. Tha sin a' ciallachadh gum faod duine sam bith frithealadh an-asgaidh no le bhith a' ceannach tiogaid, no le bhith ga fhaicinn air telebhisean no gu didseatach. A bharrachd air sin, tha an ro-innleachd a' toirt a-steach tachartasan gnothaich. Tha na tachartasan gnothaich seo airson bhuidhnean ainmichte agus chan urrainn don mhòr-shluagh am frithealadh. Am measg eisimpleirean de thachartasan gnothaich tha coinneamhan corporra, cur air bhog bathair, taisbeanaidhean agus co-labhairtean, agus siubhal sanasachd. Chan eil an ro-innleachd a' dèiligeadh ri tachartasan teaghlach no pearsanta leithid bainsean, tìodhlacaidhean agus pàrtaidhean co-latha-breith.

Faodaidh tachartasan a bhith suidhichte – a' tachairt gach bliadhna no nas trice san aon àite gu maireannach. Faodaidh iad a bhith ath-chùrsach – a' tachairt gach bliadhna san aon àite airson grunn bhliadhnaichean, no gach dà bhliadhna no ceithir bliadhna. No faodaidh iad tachairt dìreach aon turas – mar as trice bithear a' tagradh air an son agus gan cumail mar aon thachartas a-mhàin.

Faodaidh tachartasan cuideachd a bhith iomadh meud, bho thachartasan ionadail agus coimhearsnachd suas gu tachartasan ana-mhòra mòr air an cumail thar iomadh dùthcha.

### **2.2 Adhbhar na ro-innleachd**

Bheir an ro-innleachd ùraichte seachad cuimseachadh ro-innleachdail do na h-uile a tha an sàs ann an taobh sam bith de phlanadh, faighinn, taic agus libhrigeadh thachartasan de gach meud ann an Alba gu deireadh 2035. Tha e cudromach gu bheil àrd-mhiann co-roinnte soilleir aig an ro-innleachd as urrainn dhuinn a shireadh còmhla.

Bheachdaich Buidhnean Cuspaireil air cò ris a tha soirbheachas coltach. Dhaibhsan, bha seo a' ciallachadh roinn thachartasan a bha:

- làidir agus seasmhach a thaobh ionmhais
- a' libhrigeadh buannachd eaconamach shusbainteach do dh'Alba
- a' tabhann obair tharraingeach a bheir duais chothromach don luchd-obrach ann am pàigheadh, cumhaichean, tèarainteachd agus cothrom
- cunntachail don àrainneachd agus a' libhrigeadh gluasad cothromach gu net zero
- a' nochdadh Alba, ar luachan agus ar stòras air feadh na cruinne, agus
- a' cur gu dearbhach ri slàinte is sunnd bodhaig, inntinn is beatha shòisealta dhaoine fa-leth agus choimhearsnachdan.

Dh'fhaodadh seo leantainn gu **Àrd-mhiann** airson nan deich bliadhna ri thighinn gum biodh

An roinn thachartasan, ann an 2035:

- aithnichte air feadh an t-saoghail mar roinn air thùs san t-saoghal ann an leasachadh agus libhrigeadh tachartasan gnìomhachais, spòrs, ealain agus cultarail nas fharsainge – an *'t-àrd-ùrlair as fheàrr do thachartasan'*
- a' cruthachadh agus a' cumail portfòilio buntainneach, eadar-mheasgte agus in-ghabhalach de thachartasan aig ìre cruinne a libhrigeas buannachdan eaconamach, sòisealta, cultarail agus àrainneachdail do dh'Alba
- a' libhrigeadh Obair Choithromach do na h-uile a tha ag obair san roinn, le fastaichean a' toirt seachad àrainneachd obrach dheimhinneach is thèarainte, agus a' toirt taic do luchd-obrach sgileil, dealasach aig a bheil deagh phàigheadh

Dh'fhaodadh tuigse air adhartas a dh'ionnsaigh an àrd-mhiann seo a bhith air a chuideachadh le grunn **Chomharran** a tha a' tomhas:

- ìomhaigh nàiseanta is eadar-nàiseanta thachartasan Albannach
- tabhartas eaconamach thachartasan thar roinnean agus do dh'Alba air fad
- slàinte roinn nan tachartasan, a' gabhail a-steach seasmhachd agus comas libhrigidh
- cò ris a tha an roinn thachartasan coltach mar àite-obrach, ag amalachadh tomhasan Obrach Choithromaich de ghuth èifeachdach, tèarainteachd, spèis, cothrom agus sàsachadh
- gluasad cothromach roinn nan tachartasan gu net zero agus seasmhachd àrainneachd
- mar a bhios so-ruigsinneachd thachartasan a' cur ri slàinte is sunnd bodhaig, inntinn is beatha shòisealta dhaoine fa-leth agus choimhearsnachdan

Tha sinn a' faighneachd an e seo an t-amas ceart airson na ro-innleachd.

**Ceist 1:** Dè an ìre gu bheil thu taiceil no an aghaidh an Àrd-mhiann a thathar a' moladh?

- an aghaidh gu mòr
- an aghaidh
- chan eil mi na aghaidh no taiceil
- taiceil
- glè thaiceil
- chan eil fhios agam

**Ceist 2:** Nad bheachd-sa, dè cho cudromach 's a tha gach prìomhachas ro-innleachdail seo do thachartasan thar nan deich bliadhna a tha romhainn? Thoir sgòr bho aon gu còig airson gach fear, far a bheil aon a' ciallachadh nach eil e cudromach idir agus còig air leth cudromach, no "chan eil fhios agam":

- Brosnachadh na h-eaconamaidh
- Cur ri sunnd agus com-pàirteachadh coimhearsnachd
- Cur ris an iomairt a dh'ionnsaigh net zero agus seasmhachd àrainneachdail
- Dèanamh roinn nan tachartasan na àite nas fheàrr airson obair ann
- Taisbeanadh agus cur air adhart stòras na h-Alba

**Ceist 3:** Dè na prìomhachasan ro-innleachdail eile, (ma tha gin ann), a tha thu a' smaoineachadh a bu chòir a bhith air an gabhail a-steach san ro-innleachd ùraichte?

### 3. A' LÌBHRIGEADH ÀRD-MHIANN CO-ROINTE

Tha còmhraidhean Bhuidhnean Cuspaireil a' leigeil fhaicinn gun robh raointean fòcais co-roinnte ann gus an t-Àrd-mhiann a choileanadh. Is iad sin:

- Tachartasan A' libhrigeadh Eòlas Sàr-mhath
- Cleachdadh as Fheàrr, Ùr-ghnàthachadh agus Leasachadh Leantainneach
- Cur air Adhart agus Pròifil
- Dòigh-obrach Com-pàirteachais is Co-obrachaidh

### 4. TACHARTASAN A' LÌBHRIGEADH EÒLAS SÀR-MHATH

Tha a bhith a' dèanamh eòlas tachartais a tha cho math 's a ghabhas aig cridhe soirbheachas malairteach a' ghnìomhachais. Dh'fhaodadh buannachdan a thighinn às airson fastadh agus cumail luchd-obrach, agus tàladh prìomh thachartasan agus tachartasan ana-mhòra a dh'Alba. Faodaidh deagh eòlas tachartais cur ri slàinte is sunnd bodhaig, inntinn is beatha shòisealta dhaoine fa-leth agus choimhearsnachdan.

Tha sinn den bheachd gum bu chòir don ro-innleachd thachartasan nàiseanta taic a thoirt do chom-pàirtichean gus portfòilio iomlan de thachartasan a libhrigeadh a tha:

- **In-ghabhalach**, ruigsinneach agus tarraingeach do raon farsaing de luchd-amais.
- **Eadar-mheasgte agus riochdachail** le raon farsaing de thachartasan bho thall thairis is bhon dùthaich seo fhèin air an sgaoileadh air feadh roinnean. Bhiodh iad seo a' riochdachadh guthan, eòlasan agus spionnadh eadar-mheasgte na h-Alba, a' neartachadh cliù chathair-bhailtean is choimhearsnachdan, agus a' cur ri mothachadh air moit chatharra.

- **Soirbheachail agus fèillmhor**, a' cur ris na roinnean tachartais agus turasachd a bharrachd air an eaconamaidh san fharsaingeachd.
- Air a libhrigeadh le coimhearsnachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine ionadail an sàs ann an dealbhadh agus libhrigeadh.
- **A' toirt taic do dh'àrd-mhiannan nas fharsainge ann an roinnean agus gnìomhachasan eile**, gu sònraichte ann am prìomh ghniomhachasan agus margaidhean a tha a' tighinn am bàrr, agus tro leasachadh chompanaidhean Albannach san t-sèine solair.
- A' dìon agus ag adhartachadh calpa nàdarra na h-Alba nan libhrigeadh, le com-pàirtichean air feadh na roinne a' gealltainn **sgaoilidhean a lùghdachadh agus freagarrachadh ri atharrachadh gnàth-shìde** mar phàirt de ghluasad cothromach gu net zero.

#### 4.1 Tarraing luchd-amais

Tha roinn cultair na h-Alba ga mheas [in-ghabhalach ann a bhith a' tarraing luchd-amais agus coimhearsnachdan, agus aig a bheil luchd-amais eadar-mheasgte](#).

Dh'fhaodadh àrach an luchd-amais seo agus a chliù a bhith na thaic do chliù na h-Alba san fharsaingeachd mar àite airson tachartasan a chumail.

Tha fios againn gu bheil bacaidhean a bharrachd mu choinneamh cuid de dhaoine a bhith a' faighinn cothrom air tachartasan agus faighinn tlachd asta, agus gu bheil [ìrean frithealaidh aig tachartasan cultarail eadar-dhealaichte thar diofar bhuidhnean](#).

Tha fios againn gu bheil bacaidhean a' toirt a-steach [cosgais thiogaidean, siubhal, an tachartas a bhith ro fhada air falbh, trioblaidean slàinte agus cùram-cloinne](#). Mar phàirt den t-suirbhidh seo, tha sinn airson tuigsinn mar a dh'fhaodadh an ro-inleachd thachartasan nàiseanta dèiligeadh ri sin.

**Ceist 4:** Bidh daoine a' frithealadh thachartasan airson diofar adhbharan. An innis thu na tha cudromach dhut ann a bhith a' cruthachadh sàr eòlas tachartais?

**Ceist 5:** Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh, no a' dol an aghaidh gu bheil tachartasan ann an Alba:

- Ruigsinneach (a' dol an aghaidh gu làidir, a' dol an aghaidh, chan eil mi ag aontachadh no a' dol an aghaidh, ag aontachadh, ag aontachadh gu làidir, chan eil fhios agam)
- Aig prìs reusanta (a' dol an aghaidh gu làidir, a' dol an aghaidh, chan eil mi ag aontachadh no a' dol an aghaidh, ag aontachadh, aontachadh gu làidir, chan eil fhios agam)
- In-ghabhalach (a' dol an aghaidh gu làidir, a' dol an aghaidh, chan eil mi ag aontachadh no a' dol an aghaidh, ag aontachadh, ag aontachadh gu làidir, chan eil fhios agam)
- Fàilteachail (a' dol an aghaidh gu làidir, a' dol an aghaidh, chan eil mi ag aontachadh no a' dol an aghaidh, ag aontachadh, ag aontachadh gu làidir, chan eil fhios agam)

**Ceist 6:** Tha ùidh againn cuideachd faighinn a-mach carson nach biodh e comasach do dhaoine a dhol gu tachartasan. An innis thu adhbhar sam bith nach frithealadh tu tachartasan a bu toil leat frithealadh?



## 4.2 Com-pàirteachadh coimhearsnachd

Tha fèisean agus tachartasan cudromach airson [cliù àite a leasachadh](#). Bha Buidhnean Cuspaireil a' leigeil fhaicinn gum faodadh strì a bhith ann eadar tachartasan malairteach a dh'fheumas ruith airson grunn làithean gus teachd a-steach gu leòr fhaighinn, agus am buaireadh a dh'fhaodadh seo adhbhrachadh ann an coimhearsnachd. Thuirt iad cuideachd gum faodadh eòlas ionadail an strì seo a lasachadh, agus gum faodadh stèidheachadh dhàimhean le carthannasan ionadail agus iomairtean sòisealta cuideachd slighean a leasachadh gu coimhearsnachdan sònraichte.

Tha sinn airson eòlasan coimhearsnachd de thachartasan ann an Alba a thuigsinn gus an gabh barrachd a dhèanamh gus am faigh coimhearsnachdan buannachd chinnteach bho thachartasan.

**Ceist 7:** Gu dè an ìre a tha thu ag aontachadh no a' dol an aghaidh gum bi stiùirichean thachartasan a' toirt choimhearsnachdan an lùib planadh nan tachartasan a bhios iad a' cumail?

- na aghaidh gu mòr
- na aghaidh
- chan eil mi na aghaidh no ag aontachadh
- ag aontachadh
- ag aontachadh gu mòr
- chan eil fhios agam

**Ceist 8:** Gu dè an ìre a tha thu ag aontachadh no a' dol an aghaidh gum bi stiùirichean thachartasan a' conaltradh mu mar a bheir na tachartasan aca buaidh air muinntir an àite?

- na aghaidh gu mòr
- na aghaidh
- chan eil mi na aghaidh no ag aontachadh
- ag aontachadh
- ag aontachadh gu mòr
- chan eil fhios agam

**Ceist 9:** Ciamar a dh'fhaodadh coimhearsnachdan barrachd buannachd fhaighinn bho thachartasan?

## 4.3 Iomadachd

Tha an ro-innleachd làithreach a' cleachdadh modh-obrach portfòilio airson thachartasan. Anns an dòigh seo, faodar measgachadh de thachartasan mòra is beaga, spòrs is cultair, stèidhichte, ath-chùrsach agus aon-uair a chomharrachadh agus taic a thoirt dhaibh. Bidh VisitScotland a' co-òrdanachadh dòigh-obrach nàiseanta na roinne poblaich, ag obair gu dlùth leis na h-ùghdarrasan ionadail iomchaidh gus am feum as fheàrr a dhèanamh de na neartan agus stòrasan eadar-dhealaichte aca. Tha seo a thuilleadh air tachartasan anns an roinn phrìobhaidich agus buidhnean eile.

Thar ùine, tha Alba air [mìosachan de thachartasan](#) a leasachadh de dhiofar meud is seòrsa agus ann an diofar sgìrean. Tha an ro-innleachd làithreach a' toirt taic do mheasgachadh farsaing de thachartasan gus na buannachdan a sgaoileadh air feadh na bliadhna agus na dùthcha, a' gabhail a-steach tro [na prògraman maoineachaidh thachartasan aig VisitScotland](#). Bidh e cuideachd ag adhartachadh co-ionannachd agus iomadachd le bhith a' toirt a-steach tachartasan airson diofar deamografaig a' gabhail a-steach seann daoine, daoine òga, teaghlachan, daoine le ciorraman agus buidhnean fo anacothrom, a bharrachd air a bhith a' toirt urram do chòraichean daonna dhaoine fa-leth.

Tha raon de bhuannachdan eile aig modh-obrach portfòilio. Leithid:

- brosnachadh agus àrach ùr-ghnàthachadh agus tionnsgal
- brosnachadh agus dèanamh comasach turasachd sheasmhach le bhith a' taisbeanadh ar n-àrainneachd nàdarra, ar cultar agus ar dualchas
- a' tabhann eòlasan measgaichte thar roinnean na dùthcha agus roinnean gnìomhachais
- cruthachadh choimhearsnachdan agus leasachadh àiteachan

Nuair a thèid a dhèanamh gu math, bha Buidhnean Cuspaireil den bheachd gum faod raon de dh'eòlasan fìor-bheatha luchd-amais agus eòlasan com-pàirteachaidh suaicheanta a bhith a' libhrigeadh thachartasan a tha gun samhail agus sònraichte do dh'àiteachan fa-leth. Bha iad cuideachd den bheachd gun urrainn do roinn tachartasan a libhrigeadh a bhrosnaicheas uail chatharra, agus a chomharraicheas cultar na h-Alba gus co-obrachadh ùr eadar-nàiseanta a bhrosnachadh.

**Ceist 10:** Dè cho cudromach 's a tha iomadachd thachartasan ann an Alba a thaobh gach aon de na leanas? Thoir sgòr bho aon gu còig airson gach fear, far a bheil aon a' ciallachadh nach eil e cudromach idir agus còig air leth cudromach, no "chan eil fhios agam":

- Raon de mheudan eadar-dhealaichte
- Sgaoileadh de dh'àiteachan
- Iomadach seòrsa tachartais

**Ceist 11:** Dè na cnapan-starra, ma tha gin idir, a th' ann a thaobh measgachadh de thachartasan a chumail ann an Alba?

## 5. Cleachdadh as Fheàrr, Ùr-ghnàthachadh agus Leasachadh Leantainneach

Tha an ro-innleachd thachartasan nàiseanta làithreach a' comharrachadh gu bheil feum air a h-uile buidheann iomchaidh uallach a ghabhail airson dèanamh cinnteach gu bheil Alba a' leantainn air adhart ag ùr-ghnàthachadh ann an roinn nan tachartasan agus gu bheil ùr-ghnàthachadh a' faighinn taic agus àrach. Tha e cuideachd ag aithneachadh àite a h-uile com-pàirtiche ann a bhith a' cur an sàs an cleachdadh as fheàrr bho air feadh an t-saoghail agus ann a bhith ag adhartachadh ar cleachdaidhean as fheàrr gu h-eadar-nàiseanta.

Gus fuireach air thùs gu h-eadar-nàiseanta, feumaidh tachartasan ann an Alba ùr-ghnàthachadh agus leasachadh leantainneach a dhèanamh mar fhreagairt do

dhùbhlain is cothroman ùra. Tha a' phàirt seo den t-suirbhidh a' sireadh do bheachdan air far am faodadh an ro-innleachd taic a thoirt do bharrachd ùr-ghnàthachaidh agus leasachadh leantainneach.

## 5.1 Obair Chothromach agus leasachadh sgioba-obrach

Air feadh an t-saoghail, tha cliù aig muinntir na h-Alba airson a bhith [dìcheallach, onarach agus sgileil](#). Dh'aithnich Buidhnean Cuspaireil an luchd-obrach, a' gabhail a-steach an t-sèine solair, mar phrìomh neart agus raon leasachaidh.

San àm bho dhealbhadh tachartais gu a libhrigidh, faodaidh an sgioba-obrach atharrachadh gu mòr. Faodaidh e fàs bho bhith na prìomh sgioba dealbhaidh airson a' mhòr-chuid den bhliadhna gu bhith mòran nas fharsaing. Tha seo a' dol bho chunnradairean, gnìomhachd luchd-urrais agus luchd-ùidh eile gu luchd-obrach sealach air am fastadh airson an latha, leithid luchd-frithealaidh, luchd-obrach bàir agus stiùbhardan. Tha seo a' ciallachadh gu bheil measgachadh farsaing de dh'eòlasan, cothroman, teisteanasan, ullachadh cosnaidh agus pàigheadh ann dhaibhsan a tha ag obair ann an tachartasan. Tha e cuideachd a' ciallachadh gum faod daoine gluasad a-steach agus a-mach à tachartasan gu math luath.

Tha sinn ag iarraidh beachdan a chluinntinn air cho tarraingeach 's a tha obair san roinn bhon fheadhainn aig a bheil eòlas air obair ann an tachartasan, ge bith dè an dreuchd a th' aca. Tha ùidh againn cuideachd beachdan a chluinntinn bhon fheadhainn a tha a' coimhead air an roinn bhon taobh a-muigh.

**Ceist 12:** A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil roinn nan tachartasan na àite tarraingeach a bhith ag obair ann?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

**Ceist 13:** Innis carson a thagh thu Tha, Chan eil, no Chan eil fhios agam an seo.

### 5.1.1 Cleachdaidhean Obrach Chothromaich

Tha sinn ag iarraidh gum bi Alba na prìomh nàisean Obrach Chothromaich ro 2025, far a bheil obair cothromach a' stiùireadh soirbheachas, sunnd agus beairteas do dhaoine fa-leth, do ghnìomhachasan, do bhuidhnean agus don chomann-shòisealta.

Nar [Plana Gnìomha Obrach Chothromaich Ùraichte](#), mhìnich sinn na nì sinn gus àiteachan-obrach cothromach is in-ghabhalach a bhrosnachadh air feadh na h-Alba, far am faigh luchd-obrach eòlas air [na còig Tomhasan Obrach Chothromaich](#) – air am mìneachadh leis a' Chùmhnant Obrach Chothromaich mar Guth Èifeachdach, Tèarainteachd, Spèis, Cothrom agus Sàsachadh. Bidh e na prìomh ghnìomh dhuinn dòigh-obrach neartaichte a chur an sàs a thaobh chumhachan ann am maoinichadh san roinn phoblaich. Bho 1 Iuchar 2023, bidh gach tabhartas san roinn phoblaich a' toirt a-steach riatanas co-dhiù am Fìor Thuarastal Bith-beò a phàigheadh don luchd-obrach air fad, agus dòighean iomchaidh a chleachdadh airson guth èifeachdach a thoirt dhaibh.

Chomharraich Buidhnean Cuspaireil obair chothromach mar phàirt chudromach de bhith a' tàladh dhaoine gu obair ann an roinn nan tachartasan. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' leantainn air adhart a' cur an gnìomh cleachdaidhean-obrach cothromach, a' solarachadh àrainneachdan-obrach sàbhailte agus a' brosnachadh cultaran dearbhach san àite-obrach far a bheil luchd-obrach an sàs, far an urrainn dhaibh tabhartas luachmhor a thoirt seachad, agus guth èifeachdach a bhith aca.

**Ceist 14:** Ma tha thu ag obair san roinn thachartasan, dè an t-eòlas a th' agad air cleachdaidhean Obrach Chothromaich san roinn?

**Ceist 15:** Ma tha thu ag obair san roinn thachartasan, a bheil dad ann a bu mhath leat atharrachadh a thaobh cleachdaidhean Obrach Chothromaich?

### 5.1.2 Planadh sgioba-obrach agus leasachadh sgilean

Shaoil Buidhnean Cuspaireil gum faodadh a leithid de sgioba-obrach gluasadach a bhith na dhùbhlain a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine a tha an sàs ann an tachartas foghlamaichte, air an cumhachdachadh agus cunntachail. Faodaidh e a bhith duilich do ghnìomhachasan tasgadh a dhèanamh ann am foghlam agus trèanadh taobh a-muigh a' phrìomh sgioba aca. Tha tachartasan a' farpais ri chèile, [roinnean eile](#) agus dùthchannan eile airson luchd-obrach. Tha grunn earrainnean air am bi tachartasan a' tarraing, leithid [aoigheachd](#), a' fulang nan aon dùbhlain fastaidh is glèidhidh.

Chomharraich Buidhnean Cuspaireil cothrom airson shlighean soilleir gu agus tro dhreuchd ann an tachartasan mar fhreagairt air na dùbhlain sin, còmhla ri meantoradh, agus deagh fhiosrachadh is comhairle mu dhreuchdan. Dh'fhaodadh seo daoine òga agus an fheadhainn nach eil gnìomhach sa mhargaidh obrach an-dràsta a thàladh, agus iomadachd a chur am meud.

Mhol Buidhnean Cuspaireil cuideachd seasmhachd dhreuchdan, sgilean so-ghluasadach, diofar phàtranachan obrach, co-roinn deagh chleachdadh, agus taic do chothroman matha saor-thoileach mar phàirt den fhuasgladh seo. Thug iad fa-near gu robh cleachdadh sàr-mhath agus nach robh cho math ann an obair shaor-thoileach san roinn, agus gu bheil fo-riochdachadh ann de bhuidhnean fo anacothrom ann an dreuchdan foirmeil saor-thoileach. [Tha buannachdan eaconamach, slàinte is sòisealta aig obair shaor-thoileach](#), a bharrachd air daoine a chuideachadh gus an sgilean agus an comas cosnaidh a leasachadh [ach cha bu chòir a chleachdadh an àite dhreuchdan pàighte](#).

**Ceist 16:** A bheil thu a' smaoinachadh gu bheil cothroman gu leòr ann airson gach aon de na leanas a dhèanamh? Freagair Tha, Chan eil, no Chan eil fhios agam airson gach fear:

- ionnsachadh mu cò ris a tha e coltach a bhith ag obair san roinn
- na sgilean agus eòlas fhaighinn a dh'fheumas tu airson obair san roinn
- dreuchd a leantainn san roinn
- ionnsachadh bho leasan agus deagh chleachdadh dhaoine eile san roinn

**Ceist 17:** Saoil ciamar a ghabhadh cothrom air na cothroman sin a leasachadh?

## 5.2 Seasmhachd Àrainneachdail

Tha an ro-innleachd làithreach ag ràdh gum feum a h-uile tachartas ann an Alba targaidean a shuidheachadh airson èifeachdas stòrais agus mar sin cuideachadh le bhith a' glèidheadh aon de phrìomh mhaoinean na h-Alba, ar n-àrainneachd nàdarra. An-dràsta, tha [inbhean seasmhachd thachartasan eadar-nàiseanta ann \(ISO 20121\)](#). Tha grunn iomairtean ann gus taic a thoirt do dhaoine fa leth agus do bhuidhnean a bhith nas seasmhaiche a thaobh na h-àrainneachd, a' gabhail a-steach tron Hub Gnìomh Gnàth-thìde aig [Co-obrachadh Gnàth-thìde Gnothaichean na h-Alba](#) agus [Creative Carbon Alba](#).

Air an dàrna làimh, chomharraich Buidhnean Cuspaireil miann thar roinn an tachartais gus adhartas a stiùireadh ann a bhith a' coileanadh gluasad cothromach gu net zero. Bha sin a' gabhail a-steach ùr-ghnàthachadh agus tasgadh a tha a' tachairt mar-thà san roinn. Air an làimh eile, bha iad a' faireachdainn, san fharsaingeachd, nach robh fhathast deagh thuigse ann air mar a ghabhadh tachartas seasmhach a chumail. Ghabh seo a-steach nach eil an-còmhnaidh cuideam gu leòr ga chur air cìsean mòra, follaiseach leithid [còmhdhail seasmhach](#) (agus feum air cleachdadh chàraichean a lùghdachadh), cleachdadh teas is lùth aig ionadan, agus solarachd.

Tha an t-suirbhidh seo a' sireadh bheachdan air mar as urrainn dhuinn dèiligeadh ris na dùbhlain a tha air am mìneachadh gu h-ìosal:

- **Togail sgilean agus eòlas.** Chomharraich Buidhnean Cuspaireil dìth sholaraidhean sònraichte ionadail mar bhacadh – an dà chuid a thaobh lughdachadh buaidh àrainneachdail agus a bhith a' meudachadh bhuannachdan eaconamach ionadail bho thachartasan.
- **Cothrom air agus co-roinn fiosrachaidh.** Thuirt Buidhnean Cuspaireil gu bheil fiosrachadh a tha air a thoirt seachad le mòran bhuidhnean eadar-dhealaichte a' ciallachadh gu bheil dìth soilleireachd ann don roinn. Feumaidh gnìomhachasan cuideachd fuasglaidhean cruthachail a lorg gus buaidh àrainneachd a lughdachadh ann an taobhan de sponsaireachd agus marsantachd. Bha Buidhnean Cuspaireil a' faireachdainn gum faodadh co-obrachadh le chèile agus le roinnean eile adhartas a stiùireadh.
- **Inbhean agus cleachdadh coitcheann.** Bha Buidhnean Cuspaireil den bheachd nach eil dòigh-obrach àbhaisteach gnìomhachais ann fhathast a thaobh seasmhachd àrainneachdail. Dh'fhaodadh còd cleachdaidh no prionnsapalan coitcheann air feadh na roinne seo a leasachadh agus luchd-cleachdaidh a chuideachadh gus tuigsinn dè dh'fheumas iad a dhèanamh. Is dòcha gur e eisimpleirean de seo cairt leithid [a' Chòd Thachartasan Uaine](#) aig Vision 2025, no còd solarachaidh, no stiùireadh do thachartasan.

**Ceist 18:** Dè a shaoileas tu a chuidicheadh tachartasan a bhith nas seasmhaiche a thaobh na h-àrainneachd?

### 5.3 Seasmhachd ionmhasail

Bidh tachartasan a' tarraing teachd a-steach bho ghrunn shruthan eadar-dhealaichte. Bidh na sruthan sin ag atharrachadh bho thachartas gu tachartas ach faodaidh iad a bhith a' gabhail a-steach reic thiogaidean, urrasachd agus tabhartasan. Ann an co-theacsa caochlaideach (fiosrachadh aig [Pàipear-taice A](#)), feumar ùr-ghnàthachadh ann an tachartasan na h-Alba gus leantainn air adhart a' cruthachadh sruthan teachd-a-steach seasmhach. Tha àite ann cuideachd do luchd-dèanamh poileasaidh poblach aig ìre nàiseanta is ionadail a bhith ag obair le gnìomhachas nan tachartasan far a bheil luach poblach ri fhaighinn.

**Ceist 19:** Dè na stòran teachd-a-steach a tha thu a' smaoinichadh a bu chòir do thachartasan a bhith a' leasachadh airson a bhith seasmhach a thaobh ionmhas?

### 5.4 Tomhas

Tha comas air adhartas a thomhas agus a luachadh deatamach airson ùr-ghnàthachadh agus leasachadh leantainneach. Faodaidh comas air fianais a thoirt seachad mu bhuaidhean tachartais a bhith na chuideachadh uaireannan a thaobh maoinichadh fhaighinn. Ach, chan eil an t-eòlas no an comas aig a h-uile eagraiche thachartasan airson luachadh èifeachdach a dhèanamh. Tha goireasan sa phasgan innealan [eventIMPACTS](#) a chuidicheas luchd-eagrachaidh air feadh na RA gus luachadh a leasachadh air na tha an lùib a bhith a' cumail thachartasan spòrs is cultarail.

Mhol Buidhnean Cuspaireil gun robh grunn raointean ann far am faodadh tomhas agus innealan nas fheàrr taic a thoirt do leasachadh leantainneach. An uair sin, dh'fhaodadh seo cuideachadh le bhith a' comharrachadh far am bi tachartasan a' libhrigeadh builean nas fharsainghe do dh'Alba.

**Ceist 20:** Dè a bheireadh taic don roinn thachartasan gus cudromachd thachartasan a thomhas?

**Ceist 21:** Chuireadh sinn fàilte air fianais air buaidh thachartasan a ghabhas tomhas, gu sònraichte feadhainn ann an Alba. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach, ach gun a bhith cuingealaichte ri, buaidhean air:

- Gnìomhachasan ionadail
- Cothroman obrach
- Cothroman do chom-pàirtichean sgilean a leasachadh
- Àrainneachd
- Slàinte agus sunnd dhaoine fa leth no buidhnean
- Ceanglaichean agus co-leanailteachd coimhearsnachd
- Cur iomadachd air adhart
- Pròifil agus cur air adhart na sgìre agad

Theirig chun na h-ath cheist (ceist 22) mura h-eil seo a' buntainn riutsa.

## 6. Cur air Adhart agus Pròifil

### 6.1 Brannd Alba

Tha cliù eadar-nàiseanta na h-Alba [air a dhol am feabhas](#) ann an cultar, turasachd agus san fharsaingeachd bho 2014. Gu h-eadar-nàiseanta, tha daoine a' smaoinneachadh air Alba mar àite [beò-ghlacmhor, spreigeach is socair airson tadhal](#).

Le farpais làidir cruinneil agus buidseatan cuibhrichte, bidh e na bhuannachd dhuinn ìomhaigh, luachan agus sgeulachd na dùthcha againn a thaisbeanadh ann an dòigh chunbhalach – aig an taigh agus gu h-eadar-nàiseanta. Le seo san amharc, tha brannd nàisean singilte aig Alba agus ro-innleachd brannd nàiseanta co-cheangailte: [Brannd Alba](#). Is e an lèirsinn a th' aige gun aithnichear Alba mar phrìomh shaoranach cruinneil agus mar dhùthaich bheothail, chothromach agus in-ghabhalach airson fuireach, obair, ionnsachadh, tadhal, malairt agus tasgadh.

### 6.2 Sanasachd tro thachartasan

Bho 2014, tha Alba air eòlas a leasachadh a thaobh a bhith a' lìbhrigeadh thachartasan aig ìre cruinne de gach meud agus seòrsa, agus air aoigheachd a thoirt iomadh uair do thachartasan [le pròifil àrd eadar-nàiseanta](#). Cho math ri Alba a chuideachadh a' glèidheadh [barrachd de na tachartasan àrd-ìomhaigh seo](#), thuir Buidhnean Cuspaireil gu bheil an cliù seo a' brosnachadh feadhainn ann an dùthchannan eile a thighinn thuca a dh'iarraidh comhairle agus stiùireadh.

Faodaidh tachartasan mòra [cur ri cliù](#) eadar-nàiseanta bailtean-mòra is coimhearsnachdan na h-Alba, agus togail air moit is misneachd aig an taigh. Nuair a tha Alba ga chur air adhart san dòigh seo faodar sin a chleachdadh gus ar maoin eile a bhrosnachadh. Tha sin a' gabhail a-steach ar n-àrainneachd nàdarra, cultar agus dualchas, iomadachd, biadh is deoch, ionadan làidir TBh is film, eachdraidh, spòrs agus foghlam. Faodaidh tachartasan de dhiofar sheòrsaichean is mheudan ìomhaigh a chruthachadh airson diofar roinnean no sgìrean. San dòigh seo, tha gach seòrsa tachartais a' cur gu mòr ri turasachd agus eaconamaidhean ionadail air feadh na h-Alba air fad.

A bharrachd air seo, tha tachartasan mòra a' toirt cothrom do dh'Alba 'ar luachan a thaisbeanadh air àrd-ùrlar an t-saoghail', a rèir [Frèam-obrach Cùisean Cruinneil na h-Alba](#). Tha comas aca a bhith mar aon de na dòighean branndadh nàiseanta as cumhachdaiche a th' againn – cothrom sgeulachd brannd aonaichte innse. Bhiodh an sgeulachd sin an dà chuid a' taisbeanadh ar dùthcha agus a' toirt dùbhlàn do bheachdan eadar-nàiseanta, agus a' neartachadh ar luachan, le fìorantas, aig an taigh.

Tha maoin ann mar-thà a chuireas [fèisean](#) agus [tachartasan](#) air feadh na h-Alba air adhart gu luchd-amais. Tha cur thachartasan air adhart na dhòigh air daoine a thàladh gu obair san roinn no a bhith an làthair agus a' faireachdainn [buannachdan sunnd nan tachartasan](#). Shaoil Buidhnean Cuspaireil gun robh barrachd a dh'fhaodadh an roinn a dhèanamh gus innse de tha iad a' dèanamh gus a bhith nas seasmaiche a thaobh na h-àrainneachd, agus gus tachartasan Albannach a chur air adhart mar àite-obrach. Chomharraich iad cuideachd comas thachartasan mar



dhòigh airson buaidh a thoirt air giùlan. Ghabh seo a-steach a bhith a' dèanamh roghainnean nas seasmhaiche, mar eisimpleir, [cur air adhart siubhal gnìomhach](#) aig Farpais Rothaireachd na Cruinne UCI 2023.

**Ceist 22:** Ciamar as urrainn do thachartasan Alba a chur air adhart gu h-eadar-nàiseanta?

### 6.3 Tachartasan ana-mhòra


'S e seòrsa sònraichte de thachartas a th' ann an tachartasan ana-mhòra nach fhaigh Alba ach nuair a tha obair làidir com-pàirteachais ann. Anns an RA, thathas a' beachdachadh air na [comharran a leanas](#) ann a bhith a' co-dhùnadh dè a th' ann an tachartas ana-mhòr. Chan leig tachartas a leas na slatan-tomhais gu lèir a choileanadh gus a bhith ga mheas na thachartas ana-mhòr:

- Tha an tachartas a' riochdachadh àirde-ìre an spòrs san t-saoghal no san Roinn Eòrpa
- Tha an tachartas gluasadach – sin, chan eilear ga chumail an-còmhnaidh san RA
- Tha coltas ann gun cosg an tachartas còrr is £10m
- Tha coltas ann gun tarraing an tachartas còrr is 100,000 neach-amhairc
- Dh'fhaodadh gum feum an tachartas pàirt no làn fho-sgrìobhadh leis an roinn phoblaich
- Dh'fhaodadh gum feum an tachartas geallaidhean riaghaltais
- Lìbhrieadh an tachartais buailteach a bhith air leth toinnte

A' leantainn air [Geamannan a' Cho-fhlaitheis 2014](#), chuidich an ro-innleachd làithreach Alba a' tàladh agus a' libhrigeadh grunn de thachartasan mòra aon-uair, leithid COP26 ann an 2021, agus Farpais Rothaireachd na Cruinne UCI 2023. [Farpais na h-Eòrpa 2018](#), [COP26](#) ann an 2021, agus [Farpais Rothaireachd na Cruinne UCI 2023](#). Tha seo an cois prògram de thachartasan àrd-ìomhaigh, stèidhichte, eadar-nàiseanta air an cumail gach bliadhna, leithid Fèisean Dhùn Èideann.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' pileatadh frèam-obrach gus cuideachadh le tuigsinn dè cho math 's a dh'fhaodadh tachartas ana-mhòr a bhith co-thaobhadh ri amasan ro-innleachdail ann an Alba agus fiosrachadh a thoirt do cho-dhùnaidhean. Seallaidh am frèam-obrach sin ri meud, sgèile agus seòrsa an tachartais, ga chur ann an co-theacs thachartasan ana-mhòra eile a dh'fhaodadh a bhith air am planadh airson Alba. Bidh e a' measadh comas an tachartais a rèir Pròifil, Ùr-ghnàthachadh, Dileab, Eaconamaidh, Com-pàirteachadh agus Seasmhachd leis an amas cothromachadh a libhrigeadh eatorra thar ùine.





Tha an dòigh-obrach seo a' tarraing air a' Phasgan Innealan [eventIMPACTS](#) agus a' fiosrachadh cùis gnìomhachais sam bith airson tasgadh riaghaltais stèidhichte air a' [mhodail cùis gnìomhachais 5 case](#). Far a bheilear a' tasgadh, bidh e an uair sin a' fiosrachadh leasachadh mionaideach air prìomhachasan poileasaidh tachartais, ro-innleachd dìleib, planaichean libhrigidh, agus gealltanais leantainneach.

**Ceist 23:** Dè na h-amasan sònraichte air an cuireadh tu prìomhachas airson tachartasan ana-mhòr?

## 7. COM-PÀIRTEACHAS AGUS CO-OBACHADH

Bho 2003, tha VisitScotland air a bhith aig Alba, a' gabhail a-steach EventScotland, airson taic agus co-òrdanachadh do thachartasan tarsainn na roinne, agus dòigh-obrach ro-innleachdail co-leanailteach eadar an Riaghaltas, buidhnean poblach agus gnìomhachas. Tha seo air cuideachadh le [dàimhean a thogail agus cleachdadh a cho-roinn](#), [co-obrachadh le coimhearsnachdan](#) ann an dealbhadh is libhrigeadh thachartasan, agus [tuigse air a' ghnìomhachas](#) a leasachadh air feadh na roinne phoblaich.

Aig a' char as fheàrr, bha Buidhnean Cuspaireil a' faireachdainn gum faod co-obrachadh thar na roinne tachartasan sgoinneil a libhrigeadh, tro cheanglaichean làidir agus ruigsinneach ri lìonraidhean gnìomhachais, libhrigeadh thachartasan in-ghabhalach, co-roinn deagh chleachdadh, agus obair leis an t-sèine solair gus buaidh àrainneachd a lùghdachadh.

Thuir Buidhnean Cuspaireil cuideachd gu bheil raointean ann far am b' urrainn dhuinn com-pàirteachas agus co-obrachadh a leasachadh. Tha iad seo air am mìneachadh gu h-ìosal.

## 7.1 Teicneòlas agus Bun-structar

Chomharraich Buidhnean Cuspaireil gum faodadh co-obrachadh eadar gnìomhachas agus an saoghal acadaimigeach tachartasan a chuideachadh a' dealbhadh agus ag atharrachadh a rèir nan cothroman a tha an lùib theicneòlasan làithreach is ùr. Dh'fhaodadh e cuideachd roinnean eile a chuideachadh gus na buannachdan a thig an cois thachartasan fhaighinn.

Mar-thà, tha eisimpleirean ann de sheasmhachd àrainneachdail ga fhilleadh a-steach ann an [cùrsaichean colaiste is oilthigh a tha buntainneach don ghnìomhachas](#). Tha eisimpleirean ann cuideachd de dh'ionadan co-labhairt ag obair gu dlùth le ùghdarrasan ionadail gus rùintean Net Zero a libhrigeadh, agus tha [ìrean àrda aig Glaschu sa Chlàr Seasmhachd Ceann-uidhe Cruinneil](#).

Chomharraich Buidhnean Cuspaireil sgaoilidhean neo-dhìreach, ris an canar cuideachd sgaoilidhean '[Scope 2](#)' agus '[Scope 3](#)', mar raon far am feum an gnìomhachas planadh agus co-obrachadh le roinnean eile. Tha seo a' gabhail a-steach lùths, agus luchd-obrach agus luchd-amais a' siubhal gu seasmhach gu tachartasan. Dh'fhaodadh amalachadh turas an luchd-cleachdaidh buaidh a lughdachadh air an àrainneachd agus leantainn gu siubhal nas sàbhailte do luchd-cleachdaidh agus luchd-obrach, gu sònraichte nuair a thuiteas an oidhche. Dh'fhaodadh planadh thachartasan san ùine ghoirid agus san fhad-ùine le riaghaltas ionadail agus gu nàiseanta cuideachadh le bhith a' lùghdachadh sgaoilidhean aig Raon 3. Dh'fhaodadh seo gabhail a-steach ceangal gu [Mission Zero airson còmhdhail, mapa-slighe gu lughdachadh 20 sa cheud cilemeatair càr ro 2030](#), agus [siubhal bus an-asgaidh do dhaoine fo aois 22](#), mar eisimpleir.

## 7.2 Eòlas ùghdarrais ionadail

Tha Riaghaltasan Ionadail air an taghadh gus co-dhùnaidhean a dhèanamh stèidhichte air prìomhachasan agus feumalachdan muinntir an àite. Mar sin, tha na suidheachaidhean agus na prìomhachasan ionadail aca fhèin aig gach Ùghdarras Ionadail, a' gabhail a-steach tachartasan do na coimhearsnachdan air am bi iad a' frithealadh. Mar sin faodaidh dòighean-obrach eadar-dhealaichte a bhith aca. Tha na ro-innleachdan tachartais aca fhèin aig cuid. Tha diofar eòlas aig gach Ùghdarras Ionadail le diofar sheòrsaichean is meudan thachartasan.

Thuir Buidhnean Cuspaireil gum faodadh atharrachadh ann an teachdaireachdan, taic aonaichte, ceadachd agus miann cunnairt a dhèanamh nas duilghe tachartasan a phlanadh agus a chur air dòigh. Bha iad a' faireachdainn gun robh Ùghdarrasan Ionadail a tha comasach air dòigh-obrach dhealbhaichte a chur an sàs a thaobh thachartasan nas dualtaiche cosnadh a chruthachadh, luach a chur ann an tachartasan stèidhichte agus an cur air adhart, agus coimhearsnachdan a chumail seasmhach tro thachartasan. Tha eisimpleirean ann de dh'obair thar Ùghdarrasan Ionadail, leithid am measg oifigearan tachartais no Oifigearan Slàinte Àrainneachd rè galar lèir-sgaoilte Covid-19, gus tuigse cho-roinnte a leasachadh agus deagh

chleachdadh adhartachadh. Bha Buidhnean Cuspaireil a' faireachdainn gum faodadh togail air na lìonraidhean sin grunn bhuannachdan a libhrigeadh.

### 7.3 Co-thaobhadh poileasaidh

Thuir Buidhnean Cuspaireil gum faodadh deagh chonaltradh thar riaghaltas ionadail agus nàiseanta mothachadh àrdachadh air na buannachdan a gheibhear bho dhiofar sheòrsaichean is mheudan thachartasan. An uair sin, dh'fhaodadh seo àite thachartasan a neartachadh ann a bhith a' libhrigeadh bhuilean co-roinnte agus maoinachadh co-cheangailte riutha, leithid an fheadhainn mu thimcheall cultar, spòrs, foghlam agus slàinte. Mar an ceudna, dh'fhaodadh e cuideachadh le raon nas fharsainghe de phoileasaidhean a chomharrachadh a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air roinn nan tachartasan, agus conaltradh tràth a bhrosnachadh gus ùpraid a lùghdachadh don mhargaidh choimeirsealta.

Dh'fhaodadh co-obrachadh thar roinnean mu thachartasan cuideachd taic a thoirt do dh'amasan eile, mar eisimpleir a thaobh brosnachadh malairt no conaltradh dioplòmasach, ge bith an e tachartas gnìomhachais, [spòrs](#) no [cultarail](#) a th' ann.

Mhol Buidhnean Cuspaireil cuid de rudan air am faodadh luchd-maoinachaidh tabhartais beachdachadh a chuidicheadh le libhrigeadh bhuilean ionadail no nàiseanta. Leithid cho furasta 's a tha na pròiseasan tagraidh agus aithris, structaran maoinachaidh brosnachaidh, tasgadh gus buannachd mhaireannach fhàgail, agus slatan-tomhais a bhrosnaicheas co-obrachadh.

Shaoil Buidhnean Cuspaireil cuideachd gun robh e cudromach do Riaghaltas na RA, Riaghaltas na h-Alba, riaghaltasan tiomnaichte eile agus Ùghdarrasan Ionadail a bhith ag obair còmhla gus dòighean-obrach cunbhalach a bhith aca ann an cuid de raointean, mar eisimpleir a thaobh poilis agus bagairt ceannairc.

**Ceist 24:** Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh no a' dol an aghaidh gu bheil luchd-eagrachaidh thachartasan a' dèanamh cheanglaichean eadar tachartasan agus an comas a th' aca builean adhartach nas fharsainghe a libhrigeadh don chomann-shòisealta?

- ag aontachadh gu mòr
- ag aontachadh
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol an aghaidh
- a' dol an aghaidh
- a' dol an aghaidh gu mòr
- chan eil fhios agam

**Ceist 25:** Chuireadh sinn fàilte air fianais air mar a tha luchd-eagrachaidh thachartasan ag obair còmhla ri buidhnean ionadail agus/no nàiseanta gus builean a libhrigeadh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach, ach gun a bhith cuingealaichte ri:

- Libhrigeadh thachartasan a bheir buaidh mhath air sunnd
- Coinneachadh ri feumalachdan muinntir an àite
- A bhith nas seasmaiche a thaobh na h-àrainneachd
- Toirt taic do ghnìomhachas ionadail

- Tàladh dhaoine gu obair ann an tachartasan
- Leasachadh sgioba-obrach thachartasan:

Theirig chun na h-ath cheist (ceist 26) mura h-eil seo a' buntainn riutsa.

## 8. Co-ionannachdan

Tha sinn air tòiseachadh a' comharrachadh chothroman airson làn chomas an ath-bhreithneachaidh a chleachdadh gus co-ionannachd, in-ghabhalachd agus iomadachd a bhrosnachadh. Tha seo a' gabhail a-steach togail air soirbheas agus leasanan ionnsachadh bho na [Bliadhnaichean Cuspair](#) mu dheireadh, Prìomh Thachartasan, agus [Pròiseact Turasachd In-ghabhalach](#) VisitScotland. Tha seo cuideachd a' ciallachadh ceangal ri prìomh ro-innleachdan leithid [Ro-innleachd Turasachd 2030](#) agus [Frèam-obrach agus Plana Gnìomha Co-ionannachd Cinnidh aig Riaghaltas na h-Alba](#).

Tha gnìomhachd com-pàirtiche susbainteach nas fharsainghe a' dol air adhart mar-thà gus co-ionannachd a chur am meud tro thurasachd agus tachartasan. Tha eisimpleirean a' gabhail a-steach innealan gus turasachd in-ghabhalach a bhrosnachadh a gheibhear bho [Iàrach-lìn VisitScotland](#) agus dealas ann an ro-innleachd turasachd 2030 gus dèanamh cinnteach gu bheil Alba [na ceann-uidhe in-ghabhalach agus ruigsinneach](#). Dh'fhaodadh togail air a' ghnìomhachd seo a bhith na phrìomh phàirt den Lèirmheas Ro-innleachd.

### 8.1 Eadar-ghearradh

Is e aon de na dòighean as èifeachdaiche air fàilte a chur air na buidhnean dìonta gu lèir gu tachartasan a bhith a' dèanamh margaidheachd cuimsichte agus gnìomhachd Dhàimhean Poblach gus daingneachadh gu bheil fàilte ga chur orra agus gus dèanamh cinnteach gum faic daoine na coimhearsnachdan aca air an nochdadh anns na meadhanan. Mar eisimpleir thuit 73% de luchd-freagairt rannsachadh [Lionra Co-ionannachd/VisitScotland air turasachd LGBT](#) gun robh cliù càirdeil LGBT na fheart cudromach dhaibh a' taghadh ceann-uidhe.

### 8.2 Aois

Mar as tric is e daoine nas òige as motha a bhios [a' frithealadh thachartasan cultarail](#) ann an Alba Tha cothroman ann gus còraichean is sunnd cloinne a bhrosnachadh gu neo-dhìreach. Tha seo a' gabhail a-steach ionnsachadh bho Bhladhna na h-Òigridh 2018 gus sunnd àrdachadh agus cumhachd a bhrosnachadh tro mhodalan leithid co-dhealbhaidh. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach [cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri bochdainn cloinne tro Chleachdaidhean Obrach Chothromaich](#), agus cleachdadh deagh chothroman saor-thoileach gus sgilean a thogail agus sgioba-obrach an ama ri teachd a thàladh.

### 8.3 Coimhearsnachdan Cinnidh/loma-chultarach

Is e am fios air ais a thàinig bho bhuidhnean riochdachaidh anns na bliadhnan mu dheireadh gu bheil comas mòr aig Prìomh Thachartasan àrdachadh a thoirt air co-ionannachd cinnidh agus iomadachd chultarach. Faodaidh seo a bhith tro

thachartasan sònraichte no mar phàirt de phasgan nas fharsainghe de ghniomhachd phrògraman. Tha eisimpleirean a' toirt a-steach gnìomhachd timcheall air Farpais na h-Eòrpa 2018.

#### **8.4 Ciorram**

Bha duilgheadas slàinte no ciorram fad-ùine aig [a' chòigeamh cuid de dhaoine ann an Alba](#) ann an 2011 a chuireas bacadh air an gnìomhachd. Tha fianais a' fàs a thaobh com-pàirteachadh dhaoine ciorramach agus seann daoine ann an turasachd, cultar agus tachartasan – air a neartachadh le dàta a chaidh a chruinneachadh mar thaic do Phròiseact Turasachd In-ghabhalaich VisitScotland. Tha làn fhiosrachadh soilleir mu ruigsinneachd thachartasan (siubhal agus air an làraich) na phrìomh cheist do dhaoine ciorramach.

#### **8.5 Taobhadh feise**

Tha e coltach gu bheil tachartasan bliadhnail làithreach leithid mìos Eachdraidh LGBT agus gnìomhachdan co-cheangailte ri PRIDE (bhiortail no air an làraich) a' tabhann chothroman sònraichte gus dol an sàs leis a' choimhearsnachd LGBTI. A bharrachd air sin, bidh àbhaisteachadh susbaint LGBTI feadh gnìomhachd margaidheachd is Dàimhean Poblach a' cuideachadh le bhith ag àrdachadh faicsinneachd, a' daingneachadh fàilte agus a' togail mothachadh thar comann-sòisealta na h-Alba san fharsaingeachd mu thuras co-ionannachd LGBTI. Tha fàilte cuideachd cudromach don choimhearsnachd thar-ghnèitheach còmhla ri sàbhailteachd agus spèis, mar eisimpleir mu rannsachaidhean tèarainteachd.

#### **8.6 Neo-ionannachdan sòisio-eaconamach**

Tha cothrom ann do thachartasan na h-Alba neo-ionannachd bhuilean a lùghdachadh a tha air adhbhrachadh le anacothrom sòisio-eaconamach. Dh'fhaodadh seo a bhith tro, mar eisimpleir, barrachd com-pàirt coimhearsnachd aig tachartasan, obair shaor-thoileach agus conaltradh cultarach nas fharsainghe.

Tha tomhas buaidh na phrìomh chùis airson na ro-innleachd thachartasan nàiseanta ùraichte. Tha seo a' toirt cothrom a bhith a' toirt a-steach neo-ionannachd bhuilean air adhbhrachadh le anacothrom sòisio-eaconamach. Dh'fhaodadh seo a bhith a' toirt a-steach:

- Buaidh eaconamach thachartasan air bochdainn cruinn-eòlasach agus cuspaireil mar a chithear tro [Chlàr loma-bhochdainn na h-Alba](#) agus cuideachd seataichean dàta taisbeanach eile leithid [Suirbhidh Taigheadais na h-Alba](#)
- Amalachadh cleachdaidhean Obrach Chothromaich, leasachadh shlighean dreuchdail, agus gnìomhan eile gus daoine a thàladh gu obair ann an roinn nan tachartasan
- Ruigsinneachd thachartasan, a' cleachdadh an comais gus pròis chatharra, spiorad coimhearsnachd, in-ghabhalachd shòisealta, cumhachdachadh agus mothachadh air àite a bhrosnachadh

## 8.7 Coimhearsnachdan eileanach

Tha na h-eileanan nan àiteachan sònraichte airson tachartasan a' togail air na cruthan-tìre, an eachdraidh agus an traidiseanan a tha ainmeil air feadh an t-saoghail. Tha seo an-dràsta a' cuimseachadh gu ìre mhòr air gnìomhachd chultarach ach tha comas aig [Geamannan Eadar-nàiseanta nan Eilean 2025](#) seo a leudachadh gu bhith a' toirt a-steach ioma-spòrs cuideachd.

Tha portfòilio làidir de thachartasan air feadh mòran de na h-eileanan mar-thà. Am measg nan tachartasan tha: Up Helly Aa (Sealtainn); Fèis Thallachan Beaga SEALL (An t-Eilean Sgitheanach); Fèis Bheanntan Eilean Arainn; Fèis Cheilteach Innse Gall; Fèis Eilean Dorcha (Uibhist); Fèis Bhòid; Fèis Saidheans Eadar-nàiseanta Arcaibh; Ralaidh Chàraichean Eilean Mhuile; Tìree Wave Classic; agus Fèis Jazz Ìleach Lagavulin.

Tha dùbhlain mhòra ann fhathast do na h-eileanan a thaobh a bhith a' dèanamh làn fheum den iomadh buannachd co-cheangailte ri tachartasan. Nam measg, còmhhdail agus ceangalachd, dùmhachd sluaigh nas ìsle, agus comas na roinn turasachd agus aoigheachd fàilte a chur air àireamhan mòra de luchd-tadhail a bhios an làthair aig tachartas mòr.

## 8.8 Cur ri measaidhean buaidh

Tha sinn a' sireadh beachdan luchd-ùidh agus a' phobaill air cùisean co-ionannachd. Tha sinn a' measadh dè a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig an ro-innleachd thairis air feartan dìonta mar a tha mìnichte ann an Achd Co-ionannachd 2010 (aois, ciorram, ath-shònrachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas catharra, torrachas is màthaireachd, cinneadh, creideamh, gnè, taobhadh feise). Tha sinn cuideachd a' coimhead air buaidhean a thaobh inbhe shòisio-eaconamach agus suidheachadh cruinn-eòlasach. Tha sinn a' coimhead air buaidhean gnìomhachais agus riaghlaidh cuideachd.

Thèid tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air measaidhean buaidh an cois ullachadh na ro-innleachd nàiseanta thachartasan ùraichte. Ma tha thu airson a bhith an sàs sa phròiseas measadh buaidh, cuir post-d gu [Sgioba Prìomh Thachartasan Riaghaltas na h-Alba](#).

**Ceist 26:** Ma tha dad sam bith eile a tha thu a' smaoinneachadh air am bu chòir dhuinn beachdachadh mar phàirt de mheasaidhean buaidh, innis an seo.

**Ceist 27:** Ma tha atharrachaidhean sam bith eile air an Ro-innleachd Thachartasan Nàiseanta a tha thu airson fhaicinn an-dràsta, innis an seo.



## 9. PÀIPEAR-TAICE A: CO-THEACSA CAOCHLAIDEACH

### 9.1 Tachartasan a' tilleadh

B' e samhradh cudromach a bh' ann an 2022 airson tachartasan ann an Alba, às dèidh nan cuingeadan mòra eadar Màrt 2020 agus earrach 2021. Am measg na chaidh a choileanadh bha comharrachadh cruthachail Dandelion air fàs, ceòl agus coimhearsnachd. Ann an samhradh goilf ann an 2022 chùm Alba còig tachartasan àrd-iomhaigh ann an seachdainean às dèidh a chèile, leis an 150mh Open ann an Cill Rìmhinn aig an ceann. Ach, tha gnìomhachas nan tachartasan fhathast a' faireachdainn buaidh galar lèir-sgaoilte Covid-19. Bha cultar agus tachartasan am measg a' chiad roinnean a dhùin agus an fheadhainn mu dheireadh a dh'fhosgail a-rithist. Tha [measgachadh den ghalar lèir-sgaoilte, Brexit agus an èiginn lùtha air a bhrosnachadh le ionnsaigh mhì-laghail na Ruis air Ugràin, air prìsean àrdachadh gu mòr](#). Tha cosgaisean ag èirigh a' cur bacadh mòr air comas nan roinnean sin faighinn air ais às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte, a' toirt buaidh air sèinichean solair, luchd-obrach agus luchd-amais. Mar sin tha ath-bheothachadh gu sònraichte cudromach don gnìomhachas.

Feumaidh an gnìomhachas cuideachd freagradh ri grunn atharrachaidhean agus molaidhean o chionn ghoirid a thaobh riaghlaidhean ann an raointean a tha a' toirt buaidh orra. Nam measg tha cumhachdan ùra ùghdarrasan ionadail gus riaghladh a dhèanamh air [Màl Geàrr-ùine](#), riatanasan ùra gus buaidh àrainneachdail a lughdachadh leithid an [Sgeama Tilleadh Bhotal is Chrogan](#), an riatanas [Fior Thuarastal Bith-beò a phàigheadh gus cothrom fhaighinn air tabhartasan bhon roinn phoblaich](#), agus bacadh a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd air [margaidheachd deoch làidir](#).

### 9.2 Glusad gu Net Zero

Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na cunnartan as motha a tha mu choinneimh a' chinne-daonna. Ma chumas teòthachd na cruinne ag èirigh aig an aon ìre, bidh àrdachadh teas ag adhbharachadh [teòthachd roinneil is ràitheil anabarrach](#), a' lùghdachadh [còmhdach sneachda](#) agus [deigh mara](#), a' dèanamh [uisge trom](#) nas miosa, agus ag atharrachadh no a' sgrios raointean àrainn airson [lusan](#) agus [beathaichean](#), ag atharrachadh ar planaid ann an dòighean a bheir buaidh mhòr oirnn uile. Tha comharran ann gum faodadh èiginn cosgais bith-beò a [bhith a' cuingealachadh comas luchd-cleachdaidh prìomhachas a thoirt do sheasmhachd àrainneachd](#).

Tha cothrom ann don roinn a bhith aig fìor thoiseach leasachaidhean san raon seo, agus cothrom buannachd fhaighinn bhon tasgadh sin san fhad-ùine. Tha tachartas a tha seasmhach a thaobh na h-àrainneachd na sho-mhaoin ann a bhith a' dèanamh Alba na àite tarraingeach do thachartasan agus, [le gabhail ri dòighean-beatha seasmhach a' sìor fhàs](#), tarraingeach do luchd-amais. Tha Riaghaltas na h-Alba air rùintean atharrachadh gnàth-shìde a shuidheachadh gus Alba a bhith na dùthaich [net zero a thaobh sgaoileadh gasaichean blàthachaidh ro 2045](#), le targaidean eadar-amail de 75% ro 2030 agus 90% ro 2040, mu choinneamh ìrean bun-loidhne 1990. Tha iad cuideachd air gealltainn seo a dhèanamh ann an dòigh a tha ceart agus cothromach airson a h-uile duine air feadh na h-Alba. Tha iad seo nan targaidean

àrd-mhiannach agus feumaidh iad oidhirp choitcheann bho gach ceàrnaidh den chomann-shòisealta, a' gabhail a-steach riaghaltasan, gnìomhachasan, buidhnean, coimhearsnachdan agus teaghlaichean.

### 9.3 Com-pàirteachadh eadar-nàiseanta

A' tighinn a-mach à galar lèir-sgaoilte Covid-19, tha turasachd eadar-nàiseanta a' fosgladh a-rithist agus a' toirt cothrom don ghnìomhachas. Tha cothrom ann cuideachd ceangal ri dùthchannan eile a-rithist, a' gabhail a-steach ceanglaichean ri [ro-innleachd cultair eadar-nàiseanta](#) agus an seòrsa '[dioplòmasaidh spòrs](#)' air a bheil dùthchannan eile san RA a' beachdachadh. Aig an aon àm, tha [Brexit a' toirt dhùbhlàn ùra don ghnìomhachas](#) leithid a thaobh [luchd-obrach agus còmhdhail bathair](#).

### 9.4 Taic do Shlàinte Inntinn is Sunnd

Tha deagh shunnd inntinn [a' brosnachadh càileachd beatha nas fheàrr](#) san fharsaingeachd, dòighean-beatha nas fhallaine, slàinte chorporra nas fheàrr, faighinn seachad air tinneas, dàimhean sòisealta nas fheàrr, agus coileanadh foghlaim àrd-ìre. Tha fios againn gu bheil [neo-ionannachdan slàinte inntinn subsainteach](#) ann an Alba.

Tha eadar-theachd agus casg tràth nan àrd phrìomhachasan do Riaghaltas na h-Alba ann a bhith a' toirt air adhart ar modh-obrach a thaobh slàinte inntinn agus sunnd. Is e ar n-amas taic a thoirt do dhaoine a bhith a' dol an sàs gu h-adhartach le an slàinte inntinn aig ìre thràth, a' brosnachadh agus a' toirt taic do na suidheachaidhean airson deagh shlàinte inntinn agus sunnd aig ìre sluaigh.

Tha iomadh rud a' toirt buaidh air ar slàinte inntinn agus ar sunnd, leithid ar beatha aig an taigh, ar n-obair, ar n-àrainneachd chorporra agus taigheadas, ar teachd a-steach, ar dàimhean no ar coimhearsnachd. Faodaidh tachartasan [cur ri sunnd dhaoine fa-leth agus coimhearsnachd](#).

### 9.5 Farpais eadar-nàiseanta

Dh'innis Buidhnean Cuspaireil dhuinn gum faod Alba a bhith a' coimhead na àite cosgail airson tachartasan a chumail an taca ri dùthchannan eile air sgàth cosgais cleachdaidhean cosnaidh. Tha a' chosgais nas àirde seo, ge-tà, a' tighinn le bun-structair aoiigeachd, daoine a tha deiseil agus aig a bheil na sgilean airson an obair a dhèanamh, agus an t-eòlas a bhith a' libhrigeadh taobh a-staigh ùine shònraichte.

Ri linn buaidhean leantainneach Covid-19, cuingeadan cosgais poblach agus èiginn cosgais bith-beò, tha aig Riaghaltas na h-Alba agus an roinn phoblach san fharsaingeachd ri roghainnean duilich a dhèanamh a thaobh cumail ri buidseatan. Nuair a tha [dùthchannan eile a' tasgadh stòrasan subsainteach ann an tachartasan](#), tha cuideam nan dùbhlàn sin air buaidh a thoirt air an roinn phoblaich agus air an airgead a tha ri fhaighinn airson tachartasan ann an Alba. Bha dragh air Buidhnean Cuspaireil gum faodadh seo bacadh a chur air cho farpaiseach 's a tha Alba ann a bhith a' tàladh thachartasan, rud a nì cron air a cliù eadar-nàiseanta. Dh'fhaodadh e a bhith a' ciallachadh nas lugha de thaic airson leasachadh agus libhrigeadh



thachartasan san àm ri teachd san fharsaingeachd, a' toirt buaidh air na buannachdan a thig bhuapa. Bha seo a' ciallachadh airson nan tachartasan sin a tha ag iarraidh airgead poblach, gu bheil ro-innleachd a chuidicheas gu soilleir a' dearbhadh buannachdan thachartasan agus na tha iad a' cur ris gu sònraichte cudromach.

## 10. PÀIPEAR-TAICE B: GEÀRR-CHUNNTAS CHEISTEAN

**Ceist 1:** Dè an ìre gu bheil thu taiceil no an aghaidh an Àrd-mhiann a thathar a' moladh?

- an aghaidh gu mòr
- an aghaidh
- chan eil mi na aghaidh no taiceil
- taiceil
- glè thaiceil
- chan eil fhios agam

**Ceist 2:** Nad bheachd-sa, dè cho cudromach 's a tha gach prìomhachas ro-innleachdail seo do thachartasan thar nan deich bliadhna a tha romhainn? Thoir sgòr bho aon gu còig airson gach fear, far a bheil aon a' ciallachadh nach eil e cudromach idir agus còig air leth cudromach, no "chan eil fhios agam":

- Brosnachadh na h-eaconamaidh
- Cur ri sunnd agus conaltradh coimhearsnachd
- Cur ris an iomairt a dh'ionnsaigh net zero agus seasmhachd àrainneachdail
- Dèanamh roinn nan tachartasan na àite nas fheàrr airson obair ann
- Taisbeanadh agus brosnachadh stòras na h-Alba

**Ceist 3:** Dè na prìomhachasan ro-innleachdail eile, (ma tha gin ann), a tha thu a' smaoineachadh a bu chòir a bhith air an gabhail a-steach san ro-innleachd ùraichte?

**Ceist 4:** Bidh daoine a' frithealadh thachartasan airson diofar adhbharan. An innis thu na tha cudromach dhut ann a bhith a' cruthachadh sàr eòlas tachartais?

**Ceist 5:** Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh, no a' dol an aghaidh gu bheil tachartasan ann an Alba:

- Ruigsinneach (a' dol an aghaidh gu làidir, a' dol an aghaidh, chan eil mi ag aontachadh no a' dol an aghaidh, ag aontachadh, ag aontachadh gu làidir, chan eil fhios agam)
- Aig prìs reusanta (a' dol an aghaidh gu làidir, a' dol an aghaidh, chan eil mi ag aontachadh no a' dol an aghaidh, ag aontachadh, ag aontachadh gu làidir, chan eil fhios agam)
- In-ghabhalach (a' dol an aghaidh gu làidir, a' dol an aghaidh, chan eil mi ag aontachadh no a' dol an aghaidh, ag aontachadh, ag aontachadh gu làidir, chan eil fhios agam)
- Fàilteachail (a' dol an aghaidh gu làidir, a' dol an aghaidh, chan eil mi ag aontachadh no a' dol an aghaidh, ag aontachadh, ag aontachadh gu làidir, chan eil fhios agam)

**Ceist 6:** Tha ùidh againn cuideachd faighinn a-mach carson nach biodh e comasach do dhaoine a dhol gu tachartasan. An innis thu adhbhar sam bith nach frithealadh tu tachartasan a bu toil leat frithealadh?

**Ceist 7:** Gu dè an ìre a tha thu ag aontachadh no a' dol an aghaidh gum bi stiùirichean thachartasan a' toirt choimhearsnachdan an lùib planadh nan tachartasan a bhios iad a' cumail?

- na aghaidh gu mòr
- na aghaidh
- chan eil mi na aghaidh no ag aontachadh
- ag aontachadh
- ag aontachadh gu mòr
- chan eil fhios agam

**Ceist 8:** Gu dè an ìre a tha thu ag aontachadh no a' dol an aghaidh gum bi stiùirichean thachartasan a' conaltradh mu mar a bheir na tachartasan aca buaidh air muinntir an àite?

- na aghaidh gu mòr
- na aghaidh
- chan eil mi na aghaidh no ag aontachadh
- ag aontachadh
- ag aontachadh gu mòr
- chan eil fhios agam

**Ceist 9:** Ciamar a dh'fhaodadh coimhearsnachdan barrachd buannachd fhaighinn bho thachartasan?

**Ceist 10:** Dè cho cudromach 's a tha iomadachd thachartasan ann an Alba a thaobh gach aon de na leanas? Thoir sgòr bho aon gu còig airson gach fear, far a bheil aon a' ciallachadh nach eil e cudromach idir agus còig air leth cudromach, no "chan eil fhios agam":

- Raon de mheudan eadar-dhealaichte
- Sgaoileadh de dh'àiteachan
- Iomadach seòrsa tachartais

**Ceist 11:** Dè na cnapan-starra, ma tha gin idir, a th' ann a thaobh measgachadh de thachartasan a chumail ann an Alba?

**Ceist 12:** A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil roinn nan tachartasan na àite tarraingeach a bhith ag obair ann?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

**Ceist 13:** Innis carson a thagh thu Tha, Chan eil, no Chan eil fhios agam an seo.

**Ceist 14:** Ma tha thu ag obair san roinn thachartasan, dè an t-eòlas a th' agad air cleachdaidhean Obrach Chothromaich san roinn?

**Ceist 15:** Ma tha thu ag obair san roinn thachartasan, a bheil dad ann a bu mhath leat atharrachadh a thaobh cleachdaidhean Obrach Chothromaich?

**Ceist 16:** A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil cothroman gu leòr ann airson gach aon de na leanas a dhèanamh? Freagair Tha, Chan eil, no Chan eil fhios agam airson gach fear:

- ionnsachadh mu cò ris a tha e coltach a bhith ag obair san roinn
- a sgilean agus na h-eòlasan fhaighinn a dh'fheumas tu airson obair san roinn
- dreuchd a leantainn san roinn
- ionnsachadh bho leasan agus deagh chleachdadh dhaoine eile san roinn

**Ceist 17:** Saoil ciamar a ghabhadh cothrom air na cothroman sin a leasachadh?

**Ceist 18:** Dè a shaoileas tu a chuidicheadh tachartasan a bhith nas seasmhaiche a thaobh na h-àrainneachd?

**Ceist 19:** Dè na stòran teachd-a-steach a tha thu a' smaoinichadh a bu chòir do thachartasan a bhith a' leasachadh airson a bhith seasmhach a thaobh ionmhais?

**Ceist 20:** Dè a bheireadh taic don roinn thachartasan gus cudromachd thachartasan a thomhas?

**Ceist 21:** Chuireamaid fàilte air fianais air buaidh thachartasan a ghabhas tomhas, gu sònraichte feadhainn ann an Alba. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach, ach gun a bhith cuingealaichte ri, buaidhean air:

- Gnìomhachasan ionadail
- Cothroman obrach
- Cothroman do chom-pàirtichean sgilean a leasachadh
- Àrainneachd
- Slàinte agus sunnd dhaoine fa leth no buidhnean
- Ceanglaichean agus co-leanailteachd coimhearsnachd
- Cur iomadachd air adhart
- Pròifil agus cur air adhart na sgìre agad

**Ceist 22:** Ciamar as urrainn do thachartasan Alba a chur air adhart gu h-eadar-nàiseanta?

**Ceist 23:** Dè na h-amasan sònraichte air an cuireadh tu prìomhachas airson tachartasan ana-mhòr?

**Ceist 24:** Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh no a' dol an aghaidh gu bheil luchd-eagrachaidh thachartasan a' dèanamh cheanglaichean eadar tachartasan agus an comas a th' aca builean adhartach nas fharsainge a lìbhrigeadh don chomann-shòisealta?

- ag aontachadh gu mòr
- ag aontachadh
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol an aghaidh
- a' dol an aghaidh

- a' dol an aghaidh gu mòr
- chan eil fhios agam

**Ceist 25:** Chuireadh sinn fàilte air fianais air mar a tha luchd-eagrachaidh thachartasan ag obair còmhla ri buidhnean ionadail agus/no nàiseanta gus builean a libhrigeadh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach, ach gun a bhith cuingealaichte ri:

- Libhrigeadh thachartasan a bheir buaidh mhath air sunnd
- Coinneachadh ri feumalachdan muinntir an àite
- A bhith nas seasmhaiche a thaobh na h-àrainneachd
- Toirt taic do ghnìomhachas ionadail
- Tàladh dhaoine gu obair ann an tachartasan
- Leasachadh sgioba-obrach thachartasan:

**Ceist 26:** Ma tha dad sam bith eile a tha thu a' smaoinichadh air am bu chòir dhuinn beachdachadh mar phàirt de mheasaidhean buaidh, innis an seo.

**Ceist 27:** Ma tha atharrachaidhean sam bith eile air an Ro-innleachd Thachartasan Nàiseanta a tha thu airson fhaicinn an-dràsta, innis an seo.



© Crown copyright 2023

**OGL**

This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at

The Scottish Government  
St Andrew's House  
Edinburgh  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-80525-666-3 (web only)

Published by The Scottish Government, March 2023

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA  
PPDAS1252383 (03/23)

**W W W . g o v . s c o t**